

a bhith nad neach-fhianais

Cleachdadh Cheumannan Sònraichte

Leabhran do inbhich a tha nan luchd-fhianais ann an cùisean-cùirte eucoireach agus cùisean-cùirte èisteachdan cloinne

Gheibhear lethbhreacan a bharrachd den sgrìobhainn seo, air iarrtas, ann an riochd claitinne, clò mòr agus ann an cànanan coimhearsnachd. Cuir fios gu 0131 244 2213.

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2006

Gheibhear an sgrìobhainn seo cuideachd air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba:
www.scotland.gov.uk

Astron B44303 04/06 (Gaelic)

Thathar a' meas gu bheil an sgrìobhainn seo na riochdachadh cuimseach den tùs sgrìobhainn.

Gheibhear tuilleadh lethbhreacan bho
Bùth-leabhraichean Blackwell
53 Drochaid a Deas
Dùn Èideann
EH1 1YS

Òrdain fòn agus ceistean
0131 622 8283 no 0131 622 8258

Òrdain facs
0131 557 8149

Òrdain pust-d
business.edinburgh@blackwell.co.uk

9 780755 950799
ISBN 0-7559-5079-8

www.scotland.gov.uk

a bhith nad neach-fhianais

Cleachdadh Cheumannan Sònraichte

Leabhran do inbhich a tha nan luchd-fhianais ann an cùisean-cùirte eucoireach agus ann an cùisean-cùirte èisteachdan cloinne.

Thugadh na dealbhan san leabhran seo bho CD-Rom Riaghaltas na h-Alba ‘Being a Witness’ – stiùireadh do chlann agus inbhich sho-leònte a tha nan luchd-fhianais.

Mòran taing don h-uile duine a bha an sàs ann.

Clàr-innse

Ro-ràdh	2
Dè a tha ann an neach-fianais so-leònte?	3
Ceumannan sònraichte rim faotainn do luchd-fianais so-leònte a' toirt seachad fianais	6
Ceum sònraichte – a' cleachdadh sgrion	9
Ceum sònraichte – a' cleachdadh ceangal telebhisein	10
Ceum sònraichte – a' cleachdadh neach-taice	12
Ceum sònraichte – a' cleachdadh aithris a chaidh a dhèanamh ro-làimh	15
Ceum sònraichte – fianais a chaidh a ghabhail le Coimiseanair	16
Na beachdan agad	18

Ro-ràdh

Tha e coltach gur e rud ùr agus rud air nach bi thu eòlach a bhios ann a bhith nad neach-fhianais.

Dh'fhaoidte gum bi cuid de luchd-fianais gu h-àraid so-leònte air sàilleabh an t-suidheachaidh aca no nàdar na fianais a thèid iarraidh orra sa chùirt.

Tha dòighean eadar-dhealaichte ann gus neach-fianais a tha gu h-àraid so-leònte a chuideachadh gus an fhianais aca a thoirt seachad agus canar ceumannan sònraichte riutha seo.

Bu chòir do luchd-fianais uile a bhith air bileagan fiosrachaidh no leabhran fhaighinn mu dheidhinn na tha e a'

ciallachadh a bhith nad neach-fhianais agus a bhith a' dol don a' chùirt.

Tha an leabhran seo a' toirt fiosrachadh do dh'inbhich a tha nan luchd-fianais agus a dh'fhaodadh a bhith so-leònte. Tha fiosrachadh ann mu dheidhinn a bhith a' cleachdadh cheumannan sònraichte gus an cuideachadh le bhith a' toirt seachad na fianais aca.

Innsidh an leabhran seo dhuibh mu na ceumannan sònraichte seo agus mar a dh'fhaodas iad do chuideachadh.

Dè a tha ann am fianais so-leònte?

Gus cuideachadh a thoirt do na fianaisean as so-leònte, ghabh Pàrlamaid na h-Alba ri reachdas ann an 2004. Tha an Achd airson Luchd-fianais So-leònte (Alba) ag amas air leasachadh a dhèanamh air na ceumannan taice a tha rim faotainn gus luchd-fianais, a tha gu h-àraid so-leònte, a chuideachadh gus an fhianais as fheàrr as urrainn dhaibh a thoirt seachad.

Dh'fhaoidte gum bi a' chùirt den bheachd gu bheil cuid de luchd-fianais gu h-àraid so-leònte ma bhios buaidh air an fhianais aca ri linn mì-rian inntinn no air sàilleabh eagal no troimh-chèile a' buntainn ri bhith a' toirt seachad na fianais aca.

Faodaidh mì-rian inntinn a bhith a' ciallachadh tinneas inntinn no ciorram ionnsachaidh. Faodaidh eagal no troimh-chèile a bhith air adhbhrachadh ri linn grunn rudan eadar-dhealaichte.

Ma tha thu a' smaoinichadh gur e neach-fianais so-leònte a dh'fhaodadh a bhith annad fhèin, bu chòir dhut bruidhinn mun a seo ris an neach a tha gad ainmeachadh (neach-casaid a' chrùin, neach-aithris na cloinne no an neach-lagha sa chùis). Bruidhnidh iad riut mun t-suidheachadh agad agus co dhiù a bheil e iomchaidh tagradh a chur a-steach don a' chùirt airson 's gun urrainn dhut ceumannan sònraichte a chleachdadh.

Cleachdadh Cheumannan Sònraichte

Ma tha an neach a tha gad ainmeachadh mar neach-fianais den bheachd gum faodar d' fhaicinn mar neach-fianais so-leònte fo chumhachan an reachdais, bruidhnidh iad riut mun a seo. Minichidh iad an tagradh a dh'fheumas iad a chur a-steach don a' chùirt (am britheamh no an siorram a tha a' dèiligeadh ris a' chùis) airson agus gum faod thu ceumannan sònraichte a chleachdadh.

Feumaidh am mion-fhiosrachadh a leanas a bhith san tagradh:

- ✧ carson a bu chòir beachdachadh ort mar neach-fianais so-leònte, a' gabhail a-steach fiosrachadh sam bith a bharrachd a chaidh a dheasachadh gus taic a thoirt don tagradh;
- ✧ na beachdan agad a thaobh dè an ceum (ceumannan) sònraichte a bhiodh tu airson a chleachdadh; agus
- ✧ co dhiù a bheilear an dùil gur e seo an ceum (ceumannan) sònraichte as iomchaidh gus taic a thoirt dhut fhad 's a tha thu a' toirt seachad na fianais agad.

Feumaidh am britheamh no an siorram a bhith riarichte gu bheil thu a' coinneachadh nan slatan-tomhais laghail gus beachdachadh ort mar neach-fianais so-leònte, agus gus seo a dhèanamh, beachdaichidh iad air gach pìos fiosrachaidh san tagradh.

Ma tha am britheamh no an siorram ag aontachadh gu bheil thu so-leònte fo chumhachan an reachdais, feumaidh iad beachdachadh air dè a' bhuidh a bhiodh aige ort nam biodh agad ri fianais a thoirt seachad gun cheum sònraichte, agus co dhiù am biodh e na b'fhasa dhut an fhianais agad a thoirt seachad le ceum sònraichte.

Is e am britheamh no an siorram a roghnaicheas co dhiù am bu chòir cead a thoirt do neach-fianais airson ceumannan sònraichte a chleachdadh agus dè na ceumannan as iomchaidh.

Cleachdadh Ceumannan Sònraichte

Dh'fhaoidte gun deach an leabhran seo a thoirt dhut gus do chuideachadh le bhith a' tuigsinn dè a tha anns gach aon de na ceumannan sònraichte seo agus mar a dh'fhaodadh iad do chuideachadh.

Bidh iomagain air mòran luchd-fianais mu bhith a thoirt seachad fianais agus dh'fhaoidte gun tèid gabhail ri cuid mar so-leònte fo chumhachan an reachdais. Ach, cha bhi feum aig a h-uile neach-fianais air ceumannan sònraichte a chleachdadh.

CUIMHNICH

Co dhiù a bheil no nach eil thu a' cleachdadh ceum sònraichte gus do chuideachadh le fianais a thoirt seachad, tha rèiteachaidhean-taice a bharrachd ann a dh'fhaodas a bhith air an cur air dòigh do luchd-fianais a dh'fhaodadh a bhith a' faireachdainn so-leònte.

Mar eisimpleir, is dòcha gum faod thu tighinn a-steach do thogalach na cùirte tro dhoras eile, no feitheamh gus an fhianais agad a thoirt seachad ann an seòmar air leth bho an luchd-fianais eile. Dh'fhaoidte gun urrainn dhut tuilleadh stadan comhfurtachd iarraidh gus do chuideachadh nuair a tha thu a' thoirt seachad na fianais agad, no dh'fhaoidte gum bi a' chùirt dùinte do bhuill a' phobaill.

Bruidhinn ris an neach a dh'ainmich thu mar neach-fianais. Bruidhnidh iad mun t-suidheachadh sònraichte agad fhèin agus dè a dh'fhaodadh a bhith nas cuideachail dhut.

Ceumannan sònraichte rim faotainn do luchd-fianais so-leònte a' toirt seachad fianais

Ma thèid d' aithneachadh mar neach-fianais a dh'fhaodadh a bhith gu h-àraid so-leònte a rèir an lagha, tha grunn cheumannan sònraichte ann gus do chuideachadh le bhith a' toirt seachad fianais airson 's gun urrainn dhut com-pàirt nas làine a ghabhail ann an gnothaichean cùirte eucoireach no gnothaichean cùirte èisteachdan cloinne.

Is iad na ceumannan sònraichte seo:

- ✧ Sgrion san t-seòmar-chùirte (duilleag 9);
- ✧ Ceangal telebhisein taobh a-muigh seòmar na cùirte (duilleag 10);
- ✧ Neach-taice (a' cleachdadh-neach taice) (duilleag 12);

- ✧ Aithris a chaidh a thoirt seachad ro-làimh leis an neach-fhianais (duilleag 15);
- ✧ Fianais air a ghabhail le coimiseanair (duilleag 16).

Is urrainnear cuideachd measgachadh de na ceumannan sin a chleachdadh. Mar eisimpleir, is dòcha gu bheil thu a' beachdachadh air co dhìu a bu chòir dhut ceangal telebhisein a chleachdadh agus cuideachd neach-taice suidhe còmhla riut fhad 's a tha thu a' toirt seachad na fianais agad.

Cuimhnich nach eil na ceumannan sònraichte seo rim faotainn ach do luchd-fianais a tha gu h-àraid so-leònte agus gum feum tagradh sònraichte a bhith air a chur a-steach chun na cùirte agus air aontachadh leis a' chùirt.

Cleachdadh Cheumannan Sònraichte

Ma tha an neach a tha gad ainmeachadh mar neach-fianais a' smaoinichadh gum faodadh tu a bhith so-leònte agus gu bheil cunnart ann gum bi droch bhuidh aig a seo air an fhianais agad, beachdaichidh iad air tagradh a chur a-steach don a' chùirt dhut gus aon no barrachd de na ceumannan sònraichte a chaidh aithris a chleachdadh.

Bu chòir dhaibh na ceumannan sònraichte a mhìneachadh agus bruidhinn riut mun fheadhainn a bhiodh gu barrachd feum dh'fhaidte, a rèir nam feumalachdan sònraichte agad agus suidheachadh na cùise.

Feumaidh fiosrachadh a bhith san tagradh aca a bheir taic don a' chùis aca airson leigeil leat ceumannan sònraichte a chleachdadh. Bidh am fiosrachadh seo gu math goirid no, far a bheil feum air, bidh e gu math mionaideach.

Ann an cuid de shuidheachaidhean, dh'fhaidte gum bi am fiosrachadh a tha a dhìth gus taic a thoirt don an tagradh airson ceumannan sònraichte priobhaideach no frionasach, a rèir adhbharan an t-so-leònteachd sònraichte agad.

Airson a bhith a' measadh so-leònteachd, no airson a bhith a' dèanamh tagradh don a' chùirt airson 's gun urrainn dhut ceumannan sònraichte a chleachdadh, bruidhinn an neach a tha gad ainmeachadh mar neach-fianais riut mun t-suidheachadh agad. Ann an cuid de chùisean, dh'fhaidte gum feum iad cead iarraidh ort gus tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh a thaobh do shlàinte, dh'fhaidte le fios fhaighinn bhon dotair no bhon neach-obrach shòisealta agad, gus taic a chur ris an tagradh aca a thèid a chur a-steach don a' chùirt.

Cleachdadh Cheumannan Sònraichte

Bi mothachail gum faod co-dhiù pàirt den fhiosrachadh no de na h-aithrisean speisealta a thèid a dheasachadh, a thaobh an t-so-leònteachd agad, a bhith mar phàirt de thagradh a thèid a chur a-steach don a' chùirt airson 's gum faod thu ceumannan sònraichte a chleachdadh, agus mar sin bidh fios aig an neach a tha fo chasaid, no an riochdaire laghail aca, mun deidhinn.

Ma tha dragh ort mu thaobh sam bith den a seo, bruidhinn ris an neach a tha gad ainmeachadh mar neach-fianais.

Tha e cudromach cuimhneachadh gun gabh am britheamh no an siorram suim de na h-ùidhean agad mar fhianais ach gum feum iad cuideachd suim a ghabhail de cheartas agus do chothromachd na deuchainn no na h-èisteachd.

Ceum sònraichte – a’ cleachdadh sgrion

Ma thathar a’ beachdachadh ort mar so-leònte fo chumhachan an reachdais, agus ma tha an neach a dh’ainmich thu mar neach-fianais a’ creidsinn gum faodadh buaidh a bhith air an fhianais agad le bhith a’ faicinn an neach a tha fo chasaid no cuideigin eile a tha an lùib na cùirte, dh’fhaoidte gum bi e nas fhasa dhut an fhianais agad a thoirt seachad tro sgrion san t-seòmar-chùirte.

Tha an sgrion air a chur suas mar sgaradh seòmair, no cùrtair, ri taobh bocsa na fianais, eadar thu fhèin agus an neach a

tha fo chasaid (no neach eile a tha an lùib na cùise). Mar sin, chan fhaic thu an neach seo. Chan fhaic thusa ach am briteamh (agus an diùraidh ma tha iad ann), an siorram agus neach-aithris na cloinne agus luchd-lagha sam bith eile a tha an lùib nan gnothaichean.

Ach, tha e cudromach gum bi fios agad gun urrainn dhan an neach a tha fo chasaid no daoine eile air an taobh eile den sgrion d’ fhaicinn tro mhonitor nuair a tha thu a’ toirt seachad na fianais agad.

Ceum sònraichte – a’ cleachdadh ceangal telebhisein

Ma tha an neach a tha gad ainmeachadh a’ beachdachadh gur e neach-fianais so-leònte a tha annad, agus gum faod buaidh a bhith air an fhianais agad ri linn thu bhith taobh a-staigh seòmar na cùirte, dh’fhaoidte gun tèid iarraidh air a’ chùirt beachdachadh air tagradh gus leigeil leat ceangal telebhisein a chleachdadh gus an fhianais agad a thoirt seachad.

Tha seòmar ceangal an telebhisein fa leth bho sheòmar na cùirte far a bheil a’ chùis no an èisteachd a’ gabhail àite. Mar as trice tha e san aon togalach ri seòmar na cùirte ach faodar cuideachd a chur air dòigh ann an togalach eile.

Tha an telebhisean ceangailte ris an t-seòmar-chùirte airson ’s gun urrainn dhan a h-uile duine a tha taobh a-staigh seòmar na cùirte d’ fhaicinn agus do chluinntinn a’ toirt seachad na fianais agad.

Tha foillsear telebhisein, microfòn agus camara aig a’ bhritheamh no siorram agus an luchd-lagha, ach chan fhaic thusa ach an neach a bhios a’ cur nan ceistean ort – chan fhaic thu duine sam bith eile a tha san t-seòmar-chùirte, nam measg an neach a tha fo chasaid no neach sam bith eile.

Tha am britheamh no an siorram a' cumail smachd air na camarathan uile. Nuair a tha iad seo air an tionndadh air, bidh e comasach dhut am britheamh no an siorram no luchd-lagha fhaicinn fa leth leotha fhèin agus bidh e comasach dhaibhsan thusa fhaicinn agus a chluinntinn.

Cleachdadh Cheumannan Sònraichte
Feumaidh tu a thuigsinn gum bi e comasach dhan an neach a tha fo chasaid, no an neach eile a tha an lùib na cùirte, thusa fhaicinn tron a' cheangal telebhisein air foillsear telebhisein an t-seòmair-chùirte nuair a tha thu a' toirt seachad fianais, fiù 's ged nach urrainn dhutsa iadsan fhaicinn.

Ceum sònraichte – a’ cleachdadh neach-taice

Faodaidh mòran luchd-fianais a tha a’ faireachdainn so-leònte a bhith a’ faireachdainn glè iomallach nuair a tha iad a’ toirt seachad na fianais aca agus uaireannan bheir e misneachd dhaibh cuideigin eile a bhith a’ suidhe faisg orra, an dàrna cuid ann an seòmar na cùirte no ann an seòmar ceangal an telebhisein. Canar neach-taice ris an neach seo. Faodaidh iad taic a thoirt dhut dìreach le bhith an làthair nuair a tha thu a’ toirt seachad na fianais agad.

Faodaidh an neach-taice agad taic agus brosnachadh a thabhann dhut mus toir thu seachad fianais agus, ma cheadaicheas a’ chùirt e, faodaidh iad fuireach còmhla riut nuair a tha sibh a’ feitheamh eadar gnothaichean na cùirte.

Chan fhaod an neach-taice agad do chuideachadh le pàirt sam bith den fhianais agad ge-tà. Chan fhaod iad gnothaich a ghabhail ri, no buaidh a thoirt air an fhianais agad. Fhad ’s a bhios iad a’ suidhe faisg ort nuair a bhios tu a’ toirt seachad na fianais agad, chan fhaod iad do spreigeadh no do stad fhad ’s a tha thu a’ toirt seachad na fianais agad.

Ma tha an neach a tha gad ainmeachadh mar neach-fianais a’ dèanamh tagradh airson a’ cheum shònraichte seo a chleachdadh, faodaidh tu innse dhaibh cò a bu toil leat mar neach-taice, ged a thèid an co-dhùnadh mu dheireadh a dhèanamh leis a’ chùirt.

Cleachdadh Cheumannan Sònraichte

Is fheàrr leis a' chuid as motha de luchd-fianais cuideigin as aithne dhaibh a bhith còmhla riutha, fhad 's a tha iad a' toirt seachad na fianais aca.

Seo beagan rudan air am bu chòir dhut beachdachadh nuair a tha thu a' taghadh neach-taice:

- * Ma tha an neach-taice a tha thu a' roghnachadh cuideachd air an ainmeachadh mar neach-fianais, chan fhaod iad a bhith nan neach-taice dhut mura bheil iad deiseil le bhith a' toirt seachad na fianais aca fhèin;
- * Bu chòir dhut smaoineachadh air a' bhuidheachd a bhios aig an fhianais agad air an neach-taice agad. Mar eisimpleir, dh'fhaoidte gum bi thu airson caraidean no buill teaghlaich àraid a dhìon bho bhith

a' cluinntinn mion-fhiosrachadh na fianais agad. Ma tha thu a' smaoineachadh gura dòcha gum fàs iad troimh-chèile no feargach sa chùirt, dh'fhaoidte gun cuir seo thu fhèin troimh-chèile cuideachd. Dh'fhaoidte gun co-dhùin thu gu bheil e nas fheàrr cuideigin bho thaobh a-muigh an teaghlaich a bhith agad;

- * Dh'fhaoidte gu bheil cus fiosrachaidh mun a' chùis aig an neach a tha thu a' roghnachadh mar neach-taice mar-thà agus dh'fhaoidte gum bi a' chùirt den bheachd gum faodadh buaidh a bhith aca air na tha thu ag ràdh. Ann an cuid de chùisean, dh'fhaoidte nach toir a' chùirt cead don neach-taice a tha thu a' roghnachadh air sàilleabh seo;

Cleachdadh Cheumannan Sònraichte

- ✳ Dh'fhaoidte gum bi thu mar-thà a' faighinn taic bho chuideigin bho bhuidheann taic speisealta no bho roinn obair shòisealta agus dh'fhaoidte gum bi thu airson iadsan ainmeachadh.

Bu chòir don an neach a tha gad ainmeachadh mar neach-fianais a bhith comasach air comhairle a thabhann dhut agus do chuideachadh le bhith a' taghadh neach-taice. Ann an cuid de chùisean eucoireach, dh'fhaoidte gum bruidhinn VIA no Seirbheis an Luchd-fianais riut mu dheidhinn seo.

Tha e cudromach cuimhneachadh nach urrainn don an neach-taice agad do chuideachadh leis an fhianais agad agus nach urrainn dhaibh ceistean sam bith a fhreagairt dhut sa chùirt.

Ma tha a' chùirt air cead a thoirt dhut airson neach-taice a bhith agad, faodaidh an neach-taice agad suidhe ri do thaobh nuair a tha thu a' cleachdadh gin de na ceumannan sònraichte eile a tha air an ceadachadh leis a' chùirt.

Ceum sònraichte – a’ cleachdadh aithris a chaidh a dhèanamh ro-làimh

Ma tha thu nad neach-fhianais so-leònte ann an cùis eucoireach agus ma chaidh bhidio no agallamh a chlàradh air teip clastinne eadar thu fhèin agus am poileas, no aithris sgrìobhte, dh’fhaoidte gun iarr an neach a tha gad ainmeachadh mar neach-fianais cead air a’ chùirt airson seo a chluiche no a leughadh a-mach sa chùirt mar phàirt den fhianais agad.

Aig an deuchainn, is dòcha gun tèid iarraidh ort coimhead no èisteachd fhad 's a tha an clàradh seo air a chluiche no air a leughadh a-mach agus an uairsin thèid ceistean fhoighneachd dhut mu na thuirt thu san aithris agad.

Chan eil a bhith a’ cleachdadh a’ cheum shònraichte seo a’ ciallachadh nach fheum thu ceistean a fhreagairt mun an aithris a rinn thu ro-làimh.

Cuimhnich gum foighnich luchd-lagha eile a tha an lùib na cùise ceistean dhut fhathast, mar eisimpleir neach-lagha a tha ag obair airson an neach a tha fo chasaid.

Ma tha an neach a tha gad ainmeachadh mar neach-fianais a’ beachdachadh air a’ cheum shònraichte seo a chleachdadh, minichidh iad barrachd mu dheidhinn agus iarraidh iad na beachdan agad.

Ceum sònraichte – fianais a chaidh a ghabhail le Coimiseanair

Ma thèid beachdachadh ort mar neach-fianais so-leònte, ann an cuid de chùisean, dh'fhaoidte gum bi neach-casaid a' chrùin, neach-aithris na cloinne no neach-lagha airson an fhianais agad a chlàradh mus tòisich a' chùis lagha. Dh'fhaoidte gun aontaich a' chùirt ris a seo ma thathar a' meas gum bi droch bhuidh air an fhianais agad air sgàth a bhith a' feitheamh gu ceann-latha na cùirte. Canar a bhith a' toirt seachad na fianais agad do choimiseanair ris a seo. Faodar an fhianais a bheir thu don a' choimiseanair an uairsin a bhith air a cleachdadh rè na cùise.

Tha a bhith a' toirt seachad fianais do choimiseanair a' ciallachadh gum bi thu a' toirt seachad na fianais agad aig àm agus ann an àite eadar-dhealaichte seach a' chùis-chùirte fhèin.

Ann an cuid de shuidheachaidhean, faodar an ceum sònraichte seo a chleachdadh cuideachd as dèidh do chùis-chùirte tòiseachadh.

Ainmichidh a' chùirt cuideigin a dh'obraicheas mar choimiseanair. A rèir an t-seòrsa cùise, dh'fhaoidte gur e britheamh no neach-tagraidh no cuideigin freagarrach eile a bhios ann. Thèid ceistean fhoighneachd dhut agus bheir thu seachad an fhianais agad san dòigh àbhaisteach ach bidh seo mu choinneamh coimiseanair seach am britheamh no an siorram aig an deuchainn no aig an èisteachd.

Cleachdadh Cheumannan Sònraichte

Rè a' choimisein, tha còir aig an neach a tha fo chasaid, no an neach iomchaidh a tha an lùib gnothaichean cùirte èisteachd cloinne, na gnothaichean fhaicinn agus a chluinntinn mar a bhios iad a' tachairt ach sa bhitheantas cha bhi iad san aon seòmar riut.

Thèid gach aon de ghnothaichean a' choimisein a chlàradh air bhideo agus thèid an clàradh a chumail leis a' chùirt. Thèid a chluiche an uairsin rè na cùise no na h-èisteachd cùirte agus thèid gabhail ris mar fhianais san aon dòigh ri fianais a gheibhear bho neach-fianais sam bith eile.

Ma tha an fhianais agad air a chlàradh aig coimisean, chan fheum thu sa bhitheantas fianais sam bith a thoirt seachad rè na cùise sa chùirt.

Ma tha an neach a tha gad ainmeachadh mar neach-fianais a' beachdachadh air a' cheum shònraichte seo, bruidhnidh iad riut agus minichidh iad tuilleadh mu na tha e a' ciallachadh agus mar a thèid a dhèanamh.

Na beachdan agad

Ma tha an neach a tha gad ainmeachadh mar neach-fianais a' creidsinn gura dòcha gun tèid gabhail riut mar neach-fianais so-leònte, mìnichidh iad na ceumannan sònraichte dhut agus mar a dh'obraicheas iad. Iarraidh iad na beachdan agad a thaobh co dhiù an cuidicheadh gin de na ceumannan sònraichte thu gus an fhianais agad a thoirt seachad agus dè am fear (no an fheadhainn) a b' fheàrr leat a chleachdadh. Mìnichidh iad cuideachd dè am fiosrachadh a bhios air a ghabhail a-steach san tagradh a thèid a chur a-steach don a' chùirt.

Cha bhi gach neach-fianais so-leònte airson ceumannan sònraichte a chleachdadh. Fiù 's ged a bhiodh tu gu h-àraid so-leònte 's dòcha gum b' fheàrr leat an fhianais agad a thoirt seachad gun a bhith a' cleachdadh ceum sònraichte. Ach, ann an cuid de chùisean, dh'fhaidte gun roghnaich am britheamh no an

siorram gum biodh e fhathast na b' fheàrr dhut ceum sònraichte a chleachdadh fhad 's a tha thu a' toirt seachad na fianais agad.

Bu chòir dhut bruidhinn ris an neach a tha gad ainmeachadh mun t-suidheachadh shònraichte agad fhèin agus na smuaintean agad a thaobh na cùise, a' gabhail a-steach dè an ceum (no ceumannan) sònraichte a bhiodh gu h-àraid cuideachail dhut.

Gabhaidh a' chùirt suim de na beachdan agad a bharrachd air gin den fhiosrachadh a tha air a ghabhail a-steach san tagradh mus tig iad gu co-dhùnadh mu co dhiù an leig iad leat ceum sònraichte a chleachdadh, agus dè an ceum sònraichte as iomchaidhe dhut san t-suidheachadh agad fhèin.

Cleachdadh Cheumannan Sònraichte

Ma dh'atharraicheas an suidheachadh agad, no ma dh'atharraicheas tu d' inntinn mu na ceumannan as feumaile dhut, bu chòir dhut innse don neach a tha gad ainmeachadh mar neach-fianais. Bruidhinnidh iad riut mu cheumannan sònraichte eile a dh'fhaodadh a bhith nas freagarraiche agus co dhiù an tèid tagradh a dhèanamh don a' chùirt.

Anns gach cùis, faodaidh a' chùirt ath-bheachdachadh air na rèiteachaidhean dhutsa do chuid fianais a thoirt seachad. Tha seo a' ciallachadh gum faod a' chùirt beachdachadh air leigeil leat ceum sònraichte a chleachdadh, no atharrachadh a dhèanamh air a' cheum sònraichte a tha thu a' cleachdadh fiù 's as dèidh dhut tòiseachadh air an fhianais agad a thoirt seachad.

Tha a' chùirt buailteach seo a dhèanamh ma tha i a' creidsinn gu bheil inbheachd na fianais a tha thu a' toirt seachad a' fulang ri linn an t-so-leònteachd agad.

As dèidh an leabhran seo a leughadh, dh'fhaoidte gum bi beachd agad air a' cheum sònraichte as cuideachail dhut, no dh'fhaoidte gum biodh e cuideachail dhut tadhal air seòmar-cùirte far a bheillear a' cleachdadh ceangal telebhisein ma tha thu a' beachdachadh air a' cheum sònraichte seo a chleachdadh. Dh'fhaoidte gum biodh e comasach CD-Rom a chleachdadh gus coimhead air ìomhaigh de sheòmar-cùirte agus faicinn mar a bhios gach aon de na ceumannan sònraichte ag obair.

Tha e cudromach cuimhneachadh gum bi a' chùirt a' gabhail suim den a' mhaitheas agad fhèin mar neach-fianais ach gum feum iad cuideachd suim a ghabhail de cheartas agus de chothromachd na cùise no na h-èisteachd.

a bhith nad fhianais

Cleachdadh Cheumannan Sònraichte

Na notaichean agad